

Seanchas Ìle

LÀMH SGRÌOBHAINNEAN MACLAGAIN

UIRSGEULEACHDAN GÀIDHLIG: Ionadail

From Mrs McConnell, Grulinn, Islay

6187-6193

The following has been written as nearly as possible in the words of the narrator:

"Chluinneadh tu mu'n bhean a chaidh a null a dh'Jura a Ile, 's a bha air tionndadh gu bhi na beist. So mar chuala mise an naidheachd. Chaidh da bhoireannach a Ile gu Diura, gu maorach a dheanamh. Thainig orra fuireach car uine san Eilean, agus ghabh iad fasnadh ann an bothan beag a bha an sin. Bha leanabh aig aon diubh leatha agus thubhairt e so ris an te eile, "tha mi dol a dh' fheuchainn an teid agam air beagan maoraich a dheanamh agus cum do shuil air an leanamh gus an till mi." Thubhairt an te eile gun deanamh e sin, agus dh'fhalbh mathair an leanabh. Cha do thill i gu ceann treis a dh' uine, agus se bha'n, nuair a thainig i air a h-ais, fhuair i a ban-chompanach agus i 'g amhairc fiadhaich neonach, dìreach cosmhail ri beist.

Dh'fheoraich i cait' an robh an leanabh ach cha do fhreagair an te eile aon fhacal, ach chaidh i a mach as a' bhothan.

An deidh dhi dol a mach, thoisich mathair an leanabh ri amhairc feadh an tighe, dh' fheuch am faiceadh i 'n leanabh, agus chunnaic i poit air a ghoil air an teine, agus boladh ladair as, 'us nuair a dh' amhairc i, de bha sa phoit de bha'n ach a paisdean fein. Ghabh i eagal agus ruith i sìos rathad na tragma. Ach mus do ruig i 'n cladach, rug a bhean eile oirre agus tharruing i air a h-ais i chun a' bhothain, far an do mharbh, agus far an do dh' ith i i.

An deidh sin, dh'fhan an te so, a thionndaicheadh gu bhi na beist mu'n aite sin car blaidhnaichean, na h-aobhar eagal do'n eilean uile agus do choignich a bhiodh a' tighinn an rathaid; a' marbhadh agus ag itheadh gach neach a ghlachadh i.

Cha robh moran daoine anns an Eilean Dh'Iurach san am sin, agus bha eagal an cridhe orra roimh 'n bheist. Thug i treis shuas a measg nan cnoc, agus an sin, thainig e nuas ri taobh na tragma. B' an air a lamhan 's a casan a bhiodh i falbh, agus bha e comhdaichte le fionnadh, cosmhail ri beist: agus dh' fhas a h-ionganachan cho fada ri ionganachan iolair. 'San am a bha 'n sin bha gach litrichean a bhiodh a' tighinn a Dh' Ile, a' tighinn troimh eilean Dh' Iura agus air son na beiste bha 'n so, cha'n fhaidheadh iad seachad leo. Aig a cheann mu dheireadh, thainig duine a-nall a Craignis gu Ile agus fhuair e duine de mhuinntir an eilean so a dhol leis gus a' bheist a' mharbhadh. Dh' fhalbh iad ann am bata, agus thug iad leo da chu agus da ghunna.

'Nuair a ruig iad taobh Dh'Iura de'n chaolas, eadar feolinn agus amhainn nan damh, dh' fhadh an t-Ileach 'sa bhata le aon chu, agus gunna, agus thug an coigreach leis a' chu agus an gunna eile, agus chaidh e air tìr gus a bheist a rurachadh. Ghabh e suas os cionn far an do shaoil e a bhitheadh i, agus nuair a ruig e mullach beinne bha'n sin, far an robh dorlach do chlachan beaga fa sgaoil, dh' fhalbh iad le a chutrom, agus rinn iad fuaim mhòr, a' ruith leis a' bhruach.

Dhuisg am fhuaim so na beiste, agus thainig i a mach agus rinn i gu bhi aig an duine. Leum an cu oirre, agus air feadh 's a bha ise agus an cu ris a'

ghleachd, ruith an duine thun a' bhàta, ach cha do ruig e a' chladach, gus an robh am beist ga leantuinn, an deidh dhi an cu a' mharbhadh. Loisg e oirre da uair, agus nuair nach do chuir sin as di, tharruing e buille oirre le stoc an gunna, agus bha i marbh aige air an spot.

Dh' adhlaidedh i ri taobh abhainn mhòir. Tha an uaimh aice soilleir na faicinn an sin fhathast. Bha daoine 'g radh gu'm b' u Buidhe a b' ainm di, ach bha mise bruidhinn air an ni ri sean duine fiosrach ann an Dh'Iura, agus thubhairt esan rium gum b'e nic-Il-a-Riadhaich a b' ainm di.

From Donald McEachern, Kildalton, Islay (anonymous)

6199 - 6201

An old man, a native of Islay, who is well versed in the folklore of his native island, gives the following variant of a tragedy which is said to have taken place at Sanaig long ago:

"Bha uair a bha clann 'Ic-Connail thall an sin mu Shanaig. Bha iad nan daoine garbh. Bha iad aon latha shios aig an traigh, a' cuir a mach feamain, agus bha iad an deigh mart a ghaoid an oidhche roimh sin. Bha bean an tìghe a' cuir an dinneir a mach gan ionnsuidh, agus de bha aice airson na dinnearach ach gruan na mairt a chaidh a ghaoid. 'Nuair a bha an searbhant, te Nic Fhearghais, a' falbh leis am biadh, thubhairt a' bhean rithe, i a' radh ris na fir, gun ni dhe na bha air a chuir a thighinn air ais. Agus nuair a thubhairt an nighean bochd so riutha, b'e rinn iad, ghabh iad taod an eich, agus cheangail iad a' nighean ri earball an eich, agus shlaod iad a-mach i, gus a bathadh anns an fhairge.

Thachair gun robh Gilleasbuig Shanaig aig an am gu h-ard, air a' chnoc os an cionn ag amhairc orra, agus ghlaodh esan riutha, agus shabhail so an nighean, or neo bhiodh i bathta. Ach ged a leig iad leis an nighean dol as, thubhairt iad ri fear Shanaig, ma nach gealladh e dhoibh air an spot nach innseadh e gu brath do dhuinne beo de chunniac e, gun deanadh iad a leithid airson, a bha iad dol a' dheanamh air an nighean.

Thug an duine gealladh dhoibh air sgath a bheatha ach leis an eagal a fhuair e, ghabh e a leabadh 'nuair a chaidh e dhachaidh, agus cha b' fhad a bha e beo na dheigh."

From Donald McEachern, Kildalton, Islay (anonymous)

6201/2

They following legend is current in Islay, as to how the money was found for building Foreland Castle. It has been related by an old native of the island:

"B'e Caiptean Bhaltair a rinn an t-airgid leis an do thogadh Caisteil Forlan.

Rinn e e le bhi dol thairis agus le bhi goid oir agus airgeid bho na daoine thairis. Aon uair ghoid e laogh or, agus thainig feadhainn de na Coolies gus an saothach a rannsachadh dh' fheuch an robh 'n laogh air bòrd. 'Nuair a mhothaich na seoladairean dhoibh a' tighinn, ghabh an cocair an laogh, agus chuir e anns a' phoit bhrot e. Nan d' fhuair na Coolies an laogh 'san saothach, mharbh iad na h-uile duine bh' air bòrd: ach cha do smuainich iad air a' phoit bhrot agus nuair a dh' fhalbh iad thainig Caiptean Bhaltair dhachaidh, a' toirt an laogh leis, agus cha do ruig e leas dol thairis tuille na dheigh sin."

From John Gillespie, Port Charlotte, Islay

6212-6216

Bha aig Rìgh na Spaine aon uair mac a bha treun ann an neart, agus tapaidh ann cath, ach bha aon ni duilich ma thimchioll, b'è sin, gun robh ceann agus earball cait air. B'è 'n t-aobhar gun robh sin air, an oidhche a' rugadh e, bha druidhean anns a' chaisteal agus rinn iad druidheachd dha, agus riomh o'n oidhche sin, bha ceann agus earball cait air. Agus ni bha fuathasach iongantach, cha'n fhaiceadh e fein sin idir.

Thainig e aon uair air chuairt do'n rioghachd so, agus 'nuair a chunnaic e nighean an rìgh, thug e gaol mòr dhi, ach cha'n fhuiligidh ise fhaicinn. San a theicheadh i do na bruachan, gus an rathad fhagail air. Ach 'nuair a chual esan so, chaidh e thun a h-athar, an rìgh agus thubhairt e ris, gun sgriosadh e an rioghachd aige leis a' chlaidheamh ma nach toireadh e a nighean dha ann am posadh. Dh' iarr an rìgh beagan uine fhaotainn, gus an smuaineachadh air a' gnothuch, agus thubhairt am fear eile, gum faigheadh e sin. Ach 'nuair a' chual nighean an rìgh mar a bha 'chuis, dh' fhalbh i gun dail far an robh na Fianntan a bha comhnuich air cnoc Leoid ann an Eirinn. Ruig i na Fianntan air feasgair samhraidh, agus dh' innis i do Fhionn mar bha 'chuis, agus de thug an sin i. Thubhairt Fionn rithe, "Fionn neo boireannach Leoidich? Thig thusa nuas agus tearuinnidh mise thu." Agus chaidh i steach le Fionn agus a chuid dhaoine. Aig eiridh na greine, an ath mhadainn rainig mac Rìgh na Spaine a' chnoc far an robh iad, agus ghlaodh e ri Fionn am boireannach sin a chuir a mach, oir neo ma nach cuireadh, gum faigheadh e còmhrag. Fhreagair Fionn e gun toireadh e comhrag dha ach nach toireadh e 'm boireannach. Cha robh tuille air. Chuir Fionn aon da chuid dhaoine a mach a ghleachd ris, ach cha b' fhada bha mac rìgh na Spaine ga mharbhadh. Chuireadh fear eile a mach, agus fear eile gus an do chuireadh tri fir dheug a mach, aon an deigh aon, ach mharbhadh iad uile. 'Nuair a chunnaic Fionn so, chaidh e fein a mach, agus ghleachd iad airson fad latha agus oidhche, gus an do mharbh Fionn e aig a' cheann mu dheireadh, agus 'nuair a thill e stigh, fhuair e nighean an Rìgh, agus an deo an deigh dol aisde, leis an eagal a fhuair i."

An Islayman related the following story:

6222 - 6224

An oidhche a phos Dochtair Crawford Miss Mairearad, Bhailinaby, 'nuair a thainig an t-am dhoibh falbh an deigh am posadh - b' ann a' marcachd a bhiodh ladies Ile air fad aig an am sin - chuireadh a bhean og air muin ainmhidh, agus thug an t-ainmhidh seorsa crathadh air fein, agus thilgeadh ise anns an dunan. Thubhairt a fear rithe, 'nuair a bhatair ga caoidh airson mar thachair dhi, "O coma leat a Pheigidh a' ghalad, bi gu leor de chuid an t-saoghail so mu 'd thimchioll fathast." Agus thainig sin gu bhi gle fhior, oir thainig iad air aghaidh gu math.

Ach bha daoine ag radh, anns a' cheud dol a mach, nuair a chaidh i dhachaidh gu tigh a fir, agus a' chunnaic i 'n tigh suarach a bha air thoiseach oirre, cha robh i idir toilichte. Ach aon latha, 'nuair a bha i a mach a gabhail sraid, choinnich Shawfield i, agus 'nuair a chunnaic e coslas mulaid oirre, thubhairt e rithe, "De tha tighinn riut, a' ghalad?"

Fhreagair ise e, "De tha tighinn rium?"

Well, dh' fhalbh e, agus cha robh cairt a fhuair e an latha sin, nach do chuir e le rud eigin gus an do lion e suas a tigh loma làn dith.